

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh **air astar** air Diardaoin 16 Dùbhlachd 2021 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr G Adam

Mgr R Bremner

A' Bh-uas I Chaimbeul

A' Bh-uas S Chaimbeul

Mgr A MacEanraig

Mgr A MacAonghais

Mgr D MacAoidh

Mgr G MacCoinnich

Mgr C Rothach

A' Bh-uas M NicPheadrais

Mgr D Rixson

Neo-Bhuill cuideachd an làthair:

A' Bh-uas S Fanet

Mgr C Gowans

Mgr D Mac a' Phearsain

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas J NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas S NicIllinnein, Prìomh Rianaire

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:-

A' Bh-uas F Dalgetty, Fèis Rois

Mgr A Donald, Fèis Rois

Mgr S Greumach, Àrd-Oifigear, An Comunn Gàidhealach

Mgr A Caimbeul, Ceann-suidhe, An Comunn Gàidhealach

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr I Ghòrdain, na M-uas E Roddick agus Mhgr A Mhic na Ceàrdaich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Cuspair 3 – Mgr C Rothach agus Mgr A MacEanraig (an dithis neo-ionmhasail)

Cuspair 4 – Mgr D Rixson (neo-ionmhasail)

Cuspair 5 – Mgr A MacEanraig (neo-ionmhasail)

Cuspair 6 – Mgr C Rothach (neo-ionmhasail)
Cuspair 7 agus 8 – Mgr C Rothach (ionmhasail)

Dh'fhoillsich Mgr R Bremner com-pàirt neo-ionmhasail cuideachd ann an cuspair sam bith a dh'fhaodadh buntainn ris a' cheangal aige ris na buidhnean a leanas: Mòd Ionadail Ghallaibh is Chataibh, Meur Ghallaibh a' Chomuinn Ghàidhealaich, Còisir Ghàidhlig na Mealbhaich, Atomaig Piseag (Còisir Ghàidhlig) agus Comataidh Eagrachaidh Ionadail Mòd Ghallaibh 2010.

3. Naidheachdan Matha

Foillseachaidhean Com-pàirt:

Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt neo-ionmhasail seach gun robh buill dhen teaghlach dlùth aige air com-pàirt a ghabhail ann an consairt ionadail Blas agus gun robh e fhèin cuideachd air com-pàirt a ghabhail ann am pròiseact coimhearsnachd ionadail agus air cluiche aig tachartas Blas, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Dh'fhoillsich Mgr A MacEanraig com-pàirt neo-ionmhasail cuideachd seach gun robh ball dhen teaghlach dlùth aige air com-pàirt a ghabhail ann an Cuairt nan Tallaichean Beaga, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Dh'innis an Cathraiche na naidheachdan matha a leanas:-

- Bha Riaghaltas na h-Alba air tabhartas calpa £900k a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd airson a thasgadh ann an dà sgoil sa Ghàidhealtachd. Bha Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar air £650K fhaighinn airson dà sheòmar-teagaisg a leudachadh – ag àrdachadh àireamh nan seòmraichean-teagaisg gu sia – agus bha £250k air a thoirt seachad mar phàirt de chosgais an togalaich bun-sgoile ùir ann an Dùn Bheagan;
- Bha maoineachadh GLAIF air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig (BnaG) airson pròiseact cultarach Gàidhlig ann an sgìre Gheàrrloch. Dheigheadh am pròiseact a libhrigeadh le Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd ann an com-pàirteachas le luchd-obrach Foghlam Gàidhlig agus prìomh bhuidhnean Gàidhlig is cultair;
- Bha Alzheimer Scotland na Gàidhealtachd an Iar air soirbheachadh aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba aig BnaG Daily Record. Bha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd air taic a thoirt dhan iomairt agus air taic a thoirt do dhaoine air a bheil seargadh-inntinn agus aig a bheil a' Ghàidhlig mar chiad chànan. Bha sgoilearan Foghlam tron Ghàidhlig ann am Bun-Sgoil Phort Rìgh agus Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar air a bhith an lùib a' phròiseict;
- Bha am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a bhith ann an Inbhir Nis eadar 8–16 Dàmhair agus air a bhith fìor shoirbheachail, mar a thèid aithris nas fhaide air adhart sa chlàr-ghnothaich;
- Bha Fèis Rois, a bhiodh a' toirt seachad taisbeanadh dhan Chomataidh an-ceartuair, air 30 bliadhna de dh'Fhèis nan Inbheach a chomharrachadh;

- Bha Fèis Blas 2021 air gabhail àite eadar 19-27 Samhain le 33 tachartas beò air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Bha aontaidhean Fèisean nan Gàidheal le Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig a' ciallachadh gun robh maoin bho na buidhnean seo ri fhaotainn cuideachd airson Blas. Chaidh consairtean a chur air dòigh le luchd-brosnachaidh com-pàirteach anns gach coimhearsnachd agus cho-obrach Fèisean nan Gàidheal cuideachd le Fèis nan Tallachan Beaga air SEALL, Fèis Rois agus Tobar an Dualchais. A bharrachd air prìomh phrògram nan consairtean, bha naoi tachartasan, uile bho aitreabhan sa Ghàidhealtachd, air an sruthadh beò agus bha iad fhathast rim faotainn air myplayer. Bha ceithir tachartasan air na tiogaidean uile a reic ro thoiseach na fèise agus bha Fèisean nan Gàidheal an dùil gun robh teachd-a-steach oifis nan tiogaidean air a bhith na b' fheàrr na bhathar an dùil. Bha mu 125 neach-ciùil air cosnadh fhaighinn.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha.

4. Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd – Fèis Rois

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr D Rixson com-pàirt neo-ionmhasail mar rùnaire air Ionad Dualchais Mhalaig ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Thug a' Bh-uas Fiona Dalgetty agus Mgr Artair Donald bho Fhèis Rois taisbeanadh seachad mu Cho-chomann Cultar na Gàidhealtachd agus Fèis Rois. B' e pròiseact a thòisich ann an 1986 le Comhairle Roinneil Rois is Chromba a bh' ann am Fèis Rois agus bha e air gluasad gu inbhe carthannais ann an 1990. B' ann airson a cuid obrach le inbhich is daoine òga agus airson a bhith a' tabhann chùrsaichean còmhnaidheach airson ceòl a dhèanamh a b' fheàrr a dh'aithnicheadh an Fhèis. Ach, bha i cuideachd aithnichte airson a Slighe Cèilidh, coimiseanan, pròiseactan com-pàirteach, clasaichean seachdaineach agus a cuid obrach le sgoiltean. Bha i a-nis a' toirt seachad leasanan ciùil aon-ri-aon do Dhaoine Òga a bha no a tha ann an cùram.

A' leantainn air adhart, chaidh fiosrachadh a thoirt seachad mu phròiseactan nàiseanta is eadar-nàiseanta a leithid 'Dandelion'. Bha seo air ciallachadh gun robh Fèis Rois air com-pàirteachasan leantainneach a leasachadh le dùthchannan a leithid na Frainge, Romàinia, Canada agus Astràilia. Mar thoradh air Covid-19, bha Fèis nan Inbheach air a cur dheth ach bhathar air tachartas air-loidhne a thoirt seachad na h-àite.

A' tionndadh gu Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd, chaidh mìneachadh gur e pròiseact £300 mìle a bha seo, a' ruith bho Iuchar 2021 gu Sultain 2022, le Fèis Rois na prìomh chom-pàirtiche. Bhathar air sia dreuchdan làn-ùine a chruthachadh le còignear luchd-ealain air mhuinntireas, agus b' e Artair Donald an Neach-ealain Dràma air Mhuinntireas. Dh'innis Mgr Donald mun obair a bha e a' dèanamh ann am Malaig agus ann an Àth Tharracail agus le Àrd-Sgoil Loch Abar agus mu na planaichean a bh' aige airson leudachadh is tuilleadh ceangail a thogail le sgoiltean ann am Baile Ùr an t-Slèibh, Ceann a' Ghiùthsaidh, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis agus Fàrr.

Rinn Buill moladh air an obair lionmhor a bha Fèis Rois a' gabhail os làimh agus a bha a' toirt cothrom do chànan is chultar na Gàidhlig a bhith ruigsinneach ann an coimhearsnachdan. Bha an Fhèis a' toirt seachad raon ghniomhan do gach aois agus bha a spionnadh is a sunnd rim moladh. Bha a dlùth dhàimh le Eden Court air a bhith gu h-àraid soirbheachail agus bhathar an dòchas gun leanadh an ceangal seo, gu h-àraid seach gun robh an taigh-cluiche a-nis air Oifigear Gàidhlig fhastadh. Cuideachd, bha goireas riochdachaidh aig Eden Court fhèin agus bha e iomchaidh fàilte a chur air co-obrachadh nas doimhne. Bha com-pàirteachasan co-roinnte a leithid seo luachmhor dha-rìribh, gu h-àraid nuair a bha maoineachadh air a lùghdachadh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr A MacEanraig com-pàirt neo-ionmhasail seach gun robh ball dhen teaghlach dlùth aige an lùib consairt leis a' Chomunn Ghàidhealach, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/18/21 le ceann-latha 1 Dùbhlachd 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

B' e Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 a' chiad Mhòd aghaidh-ri-aghaidh bho chaidh Mòd Ghlaschu a chumail ann an 2019. Bha còrr is 3,500 neach air a bhith an làthair agus bha 21 co-fharpais 'bheò' air gabhail àite le 70 farpaiseach 'beò'. Chaidh ceithir consairtean mòra a chumail, agus 25 tachartas air lomall a' Mhòid, agus bha 16 còisirean air tighinn còmhla airson seinn. A thaobh na bhathar a' tabhann air-loidhne, chaidh 86 co-fharpais a chumail le 415 farpaiseach. Bha am Mòd air 199 brath naidheachd a bhrosnachadh, agus iad uile math is taiceil. Bha Measadh Neo-eisimeileach bhon taobh a-muigh ga dhèanamh an-dràsta, agus dheigheadh cunntas a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd. Bha e cudromach toirt fa-near nach ann a-mhàin a' buntainn ri airgead a bha na buannachdan ach cuideachd gun robh buannachdan slàinte ann, gun robhar a' cur aghaidh ri aonaranachd sòisealta agus gun robhar a' cur air adhart ìomhaigh na Gàidhealtachd. Bhathar air fàilte mhòr a chur air an taobh air-loidhne, gu h-àraid am measg dhaoine nach b' urrainn an dachannan fhàgail agus am measg dhaoine a bha a' fuireach thall thairis. Chaidh aithne a thoirt cuideachd do shaor-thoilich a bha a' dèanamh na h-uimhir, cha b' ann a-mhàin airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ach cuideachd airson nam Mòdan sgìreil.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do làn-phrògram a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail airson 2021; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh aithisg mhionaideach a thoirt chun na h-ath choinneimh de Chomataidh na Gàidhlig agus gum biodh seo a' gabhail a-steach cunntas ionmhasail agus toraidhean is builean nan Aithisgean Co-chomhairleachaidh is Measaidh a thaobh nam Meadhanan.

6. Adhartas mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt neo-ionmhasail seach gun robh clann aige ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus iad a' faighinn buannachd à cuid de na gnìomhan a tha air am mìneachadh san aithisg, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/19/21 le ceann-latha 1 Dùbhlachd 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bha e math faicinn gun robh mòran de na taisbeanairan air an comharrachadh Uaine (air targaid);
- Bha an Comhairliche Rixson an sàs ann am Planadh Àite airson a' Chaoil agus thabhainn e cuideachadh sam bith a b' urrainn dha a thoirt seachad ann a bhith a' leasachadh margaidheachd agus a' togail aire mu bhuannachdan dà-chànanaid tron Ghàidhlig;
- Dheigheadh fàilte a chur air tuilleadh adhartais ann a bhith a' leasachadh portal Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle seach gun robhar an dùil gun deigheadh barrachd feum a dhèanamh de dh'inneal a leithid seo a' dol air adhart; agus
- ann an Loch Abar bhathar air barrachd feum a dhèanamh de Sheirbheis an Luchd-raoin ann a bhith a' dèiligeadh ris an àrdachadh mhòr ann an àireamhan luchd-tadhail a' tighinn a-steach. Bhathar air gabhail gu math ris an eadar-obrachadh aca leis a' phoball agus chaidh beachdachadh gun robh seo a' toirt cothrom dhaibh cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh cuideachd.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. dhan adhartas a chaidh a dhèanamh ann a bhith a' sgrùdadh is a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3 air stèidh ràitheil, le bhith a' cleachdadh PRMS airson taic a thoirt do libhrigeadh PnG3; agus
- ii. dhan adhartas is dha na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' buileachadh cuid de ghnìomhan comasachaidh a' Phlana.

7. Cunntas às Ùr air Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt ionmhasail seach gun robh ball dhen teaghlach dlùth aige ag obair mar thidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/20/21 le ceann-latha 1 Dùbhlachd 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Rinn Buill moladh air an deagh obair a bhathar a' gabhail os làimh gus Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a leasachadh, agus thugadh iomradh sònraichte air an obair-leudachaidh aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar far an robh cuideaman susbainteach air a bhith ann. Chaidh seo a choileanadh a dh'aindeoin gach iomadh dùbhlán a bha air tighinn an cois Covid;
- Bha dealas aig a' Chomhairle dèanamh cinnteach à ion-roghnachd campas FtG 3-18 ann an Inbhir Nis agus math dh'fhaodte gum faodadh seo a bhith air a sholarachadh ann an co-bhann ri iomairtean eile; agus
- Bhathar a' toirt buidheachas seachad airson na bha oifigearan foghlaim, ceannardan sgoile agus luchd-obrach teagaisg air a dhèanamh airson àireamh Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean na Gàidhealtachd fhàs anns gach aon de na trì bliadhna a chaidh seachad, agus seo eu-coltach ris a' chòrr de dh'Alba far an robh na h-àireamhan air lùghdachadh.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. dhan àrdachadh ann an àireamhan nan sgoilearan thar solar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd; agus
- ii. do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail ann am Foghlam, a' gabhail a-steach an adhartais ann am pròiseas Co-chomhairle Sgìrean-sgoile FtG.

8. Aithisg Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt ionmhasail seach gun robh ball dhen teaghlach dlùth aige ag obair mar thidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig, ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/21/21 le ceann-latha 1 Dùbhlachd 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- b' e dòigh fìor mhath a bh' anns a' phròiseact le Ainmean-Àite na h-Alba agus sgoiltean FtG gus ceangal a thogail le coimhearsnachdan ionadail agus dh'iarr Buill sampall de thoradh a' phròiseict fhaicinn san àm ri teachd. Bha luach ann cuideachd seo a leudachadh gu àrd-sgoiltean;
- bhiodh follaiseachd mhath an lùib a bhith a' togail aire mu atharrachadh na gnàth-shìde ann am FtG agus b' fhiach am pròiseact seo a leantainn;
- bho chaidh Comataidh na Gàidhlig a stèidheachadh, bha iomadh dùbhlán air a bhith ann sna 18 mìos mu dheireadh agus bu chòir a bhith mothachail mun a seo;
- bha Comataidh na Gàidhlig a-nis ann an suidheachadh na b' fheàrr gus coileanadh na Comhairle mu choinneamh a Plana Gàidhlig (PnG) a mheasadh. Cha b' ann a-mhàin mun àm làithreach a bha seo ach cuideachd mun àm ri teachd;
- b' e Comhairle na Gàidhealtachd an t-ùghdarras ionadail a b' fheàrr a bha a' coileanadh ann a bhith a' cuideachadh Riaghaltas na h-Alba

gus targaidean a' Phlana Ghàidhlig aige fhèin a choileanadh agus amasan is mion-amasan ann an Achd na Gàidhlig (Alba).

- Bha e cudromach gun robh a' Chomhairle ann an suidheachadh math gus maoinachadh leantainneach a chosnadh san àm ri teachd, a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach à àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig is eile. Bhiodh e feumail do Bhuill ro-aithrisean de dh'àireamhan fhaicinn agus fios air a' mhaoineachadh a bhiodh a dhith gus dèanamh cinnteach gun robh i ann an deagh shuidheachadh fhad 's a bhathar a' leasachadh Phlanaichean Gàidhlig san àm ri teachd; agus
- Chan ann a-mhàin air luchd-labhairt Gàidhlig a dh'fheumadh fòcas a bhith ach cuideachd air luchd-labhairt ùra na Gàidhlig seach gur e seo prìomh amas Achd na Gàidhlig (Alba) aig Riaghaltas na h-Alba. Dh'fheumadh Comhairle na Gàidhealtachd sealltainn mar a dh'fhaodadh i cuideachadh gus cur ris a seo thar nan 5-10 bliadhna air thoiseach.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. do na trì pròiseactan a tha air am mìneachadh ann an iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
- ii. dhan phrògram obrach mòr-mhiannach ris am bi an tabhartas a' cur taic agus gura dòcha gum feum seo atharrachadh mura faighear an t-sùim iomlan; agus
- iii. gu bheil Riaghaltas na h-Alba fhathast a' beachdachadh air an iarrtas agus gu bheil dùil ri co-dhùnadh tràth sa Bhliadhn' Ùir.

9. Tasgadh Calpa agus Ion-dhèantachd 3–18

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/22/21 le ceann-latha 6 Dùbhlachd 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Cha b' ann a-mhàin airson an ama ri teachd a bha dìreach air thoiseach a bha Planadh Calpa ach cuideachd airson na meadhan-ùine is na fad-ùine agus bha e cudromach ealla a ghabhail, chan ann a-mhàin do far an deigheadh FtG a thòiseachadh ach cuideachd far an deigheadh a leudachadh agus gu dè an ìre chun am biodh seo na dhùbhlán do Phlana Calpa no tasgadh sam bith a bheireadh a' Chomhairle air adhart. Bha seo riatanach ma bha àireamh luchd-ionnsachaidh is luchd-labhairt na Gàidhlig gu bhith air am meudachadh.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. do thasgadh calpa na Comhairle ann am FtG;
- ii. agus chuireadh fàilte air an tasgadh o chionn ghoirid bho Riaghaltas na h-Alba; agus
- iii. do na dreachd chumhaichean iomraidh airson sgrùdadh ion-dhèantachd a dhèanamh airson solar Foghlam tron Ghàidhlig 3-18 a leudachadh ann an Inbhir Nis.

Chriochnaich a' choinneamh aig 12.35f.